

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

**17/03/2016**

## **E-Sgoil Ghàidhlig do dh'Alba**

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig an naidheachd an-diugh gu bheil iad air taic-airgid a chur mu choinneamh sgoil-lionra ùr do dh'Alba, E-Sgoil.

Chaidh an naidheachd fhoillseachadh le Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig aig an t-Seiminear mun Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig airson 2017-22 ann an Dùn Èideann a tha ga chumail gus còmhraidhean a thòiseachadh mun treas Plana Nàiseanta airson na Gàidhlig.

Tro E-Sgoil, thèid àrainneachd ionnsachaidh air-loidhne a dhealbh agus a chruthachadh a nì ceanglaichean, an-toiseach, eadar gach àrd-sgoil sna h-Eileanan Siar agus ann an àiteachan eile. Bheir e cothrom nas fheàrr do sgoilearan air cuspairean, na roghainnean a th' ann a thaobh dhreuchdan agus air cothroman ionnsachaidh air feadh àrd-sgoiltean na dùthcha far a bheil foghlam tron Ghàidhlig. Bheir E-Sgoil an comas do thidsearan leasan is stuthan-teagaisg a roinn le tidsearan eile, às bith càit a bheil iad ann an Alba, agus bidh e cuideachd mar mheadhan air cuid a chlasaichean agus chuspairean a libhrigeadh tron Ghàidhlig ann an sgoiltean far nach eil cothrom air na cuspairean sin an-dràsta ann an Gàidhlig.

Thuir Brus Robasdan, Ceannard Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, agus e a' cur fàilte air an naidheachd: "Tha feum air goireas Gàidhlig a bhios na sgoil-lionra agus a bheir an cothrom do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, luchd-oideachaidh agus an luchd-taice am feum as motha as urrainnear a dhèanamh de theicneòlas ann a bhith coileanadh grunn thoraidhean foghlaim, gu h-àraidh na feadhna co-cheangailte ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Bheir an E-Sgoil barrachd chothroman don a h-uile sgoilear, ach gu h-àraidh an fheadhainn a tha a' dèanamh chùrsaichean tron Ghàidhlig san àrd-sgoil, tàirngidh e luchd-foghlaim còmhla gu bhith nan coimhearsnachdan oideachaidh proifeiseanta, agus bheir e cothrom do phàrantan is luchd-compàirt ann am foghlam taic a thoirt do sgoilearan Gàidhlig. Bidh e mar mheadhan cuideachd gus feum nas fheàrr a dhèanamh de na tidsearan a th' againn, gheibh tidsearan cothrom taic a chumail ri càch a chèile agus gabhaidh clàr-ama coitcheann a chur an sàs."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Tha Bòrd na Gàidhlig air £140,000 a chur mu choinneamh a' phròiseict a thèid a chosg thairis air dà bhliadhna ionmhais.

## DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no air a' fòn 07595763071.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**17/03/2016**

## **Gaelic Virtual School for Scotland**

Bòrd na Gàidhlig today announced funding to support the creation of a Gaelic virtual school for Scotland, E-Sgoil.

The announcement was made by the Cathraiche of Bòrd na Gàidhlig at the National Gaelic Language Plan 2017-2022 Seminar in Edinburgh to open discussions on the creation of the 3<sup>rd</sup> National Plan for Gaelic.

E-Sgoil will look to design and develop an online learning environment that will provide connectivity initially, between all secondary schools throughout the Western Isles and beyond. It will provide greater quality of subject access, vocational choices and learning opportunities across Gaelic-medium secondary schools nationally. E-Sgoil will enable teachers to share lessons and materials no matter where they are in Scotland and will also provide the mechanism for the delivery of some classes and subjects through the medium of Gaelic.

Welcoming the creation of the resource, Bòrd na Gàidhlig Interim-CEO, Bruce Robertson said: “There is a need for a Gaelic resource which takes the form of a Virtual School enabling Gaelic learners, educators and their supporters’ opportunities to maximise the potential of technology for a range of educational outcomes, particularly surrounding Curriculum for Excellence. The E-Sgoil will enhance opportunities for all learners, but particularly those in Gaelic-medium education secondary courses, draw educators together into a series of professional learning communities, and enable parents and other partners in education to support Gaelic learners. It will also provide a mechanism for deploying teaching staff more effectively, providing peer support and facilitate the implementation of a common timetable.”

Bòrd na Gàidhlig has invested £140,000 into the project which will be spread across two financial years.

**ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Steven Maclver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or phoning 07595763071**